Mata 2^2. "Chunnaic sinn a reult 'san Aird-an-ear, agus tha sinn air teachd a thabhairt aoraidh dha."

Bu speuradairean na fir seo, beachdairean gleusda, a bha gabhail tlachd ann a blith rannsachadh aodann nan speur, chum eòlas a thrusadh a thaobh crannchur an duine agus diomhaireachd a chruthachaidh.

"Glòir Dhé làn-fhoillsichidh na neamh
's na spéuran gnìomh a làmh."

Nach eutach an sealladh - a' ghealLach làn, agus an t-adhar laiste le reultan?

Is neo-shùghmhor an inntinn nach beachdaich le ioghnadh air sealladh cho maiseach. Agus is beag breithneachaidh an duine nach do smaoinich riamh, ciamar a thainig ~~na~~ grian, gealLach ìna na reultan gu bith, na co 'shuidich an ordugh seasmhach, agus an gluasad réidh

Chan ann le tuitéamas a tha iad a triall air slighe an suibhail gun aon tuisleadh a thighinn riamh nan car.

Òidhche de na h-òidhcheanan, ma ta, air do na fir, ~~seo~~ a dh' ainmich mi, tionndadh a mach, maith dh'fhaoidte, le barrachd dùil agus dùrachd, na b' abhaist dhaibh, thug iad fainear do rheult shònraichte, a bha maiseach am measg chàich, agus i, mar gum biodh i deanamh air an Aird-an-iar.

A rèir cunntais bha dùil aca rithe. Agus tha e air aithris gun robh daoine, aig an àm ud, gu laidir de'n bheachd gun robh reult neo-chumanta de'n t-seorsa seo na sanas air ni neo-chumanta 'thachairt am measg dhaoine.

Ma tha sin fìor, chan ioghnadh sam bith e gum facas an reult seo, ann an airde nan speur air an òidhche ud.

ri riamh roimhe

Oir cha do thachair air thalamh coltach ri teachd Mhic Dhé.

Chan'eil teagamh nach cual iad, ro-laimh, mu'n Mhesias ris an robh na h-Iudhaich ag amharc, agus ris an robh iad a feitheamh re uine fhada.

Agus do bhrigh sin, rinn na speuradairean seo direach air Baile-Iurusalem chum cuspair an ruin a lorgachadh.

Tha cunntas againn mar a chaidh dhaibh air an turus.

Dh' fhiosraich agus dh' fheoraich iad-shios is shuas, thall 's a bhos, gus mu dheireadh an d'rainig iad ceann-uidhe an ruin. ~~an turais~~

A nis, ar leam gun tigeadh e dhuinn a bhith iriosal as na daoine seo. Nach robh iad ri'm moladh airson an treubhantais agus an dilseachd ann an ceum an t-Sannsachaidh? Thainig iad astar fada – astar nach robh, idir, furasda na

sàbhailte 'sna laithean ud. Choisinn iad, uime sin, urram agus deadh-ghean gach linn a thainig 'nan déidh. Chan e, mhàin, gun do chuir iad iad-fhéin mun cuairt 'nan oidheirp, ach mheas iad iomchuidh tiodhlaicean freagarrach a thoirt leotha chum am fàilte 'dhearbhadh agus an spéis a nochdadh dhasan a bha iad a sireadh. "Caite am bheil righ sin nan Iudhach a tha air a bhreith"? "Oir chunnaic sinne a reult 'san Aird-an-ear, agus tha sinn air teachd a thabhairt aoraidh dha".

Mar gun caileadh iad sealladh air an reult, re tamuill, air dhaibh a lorgachadh a rithist; rinn iad gàirdeachas le aoibhneas ro-mhòr.

Bha 'aiteas' orra ann an luib an gnòthaich; bha iad ann an da-rireabh. Nach mòr-am-beud nach uile na h-uile a chuala an Soisgeul a deanamh

gàirdeachais airson sgeul cho glòrmhor,
agus a tha cho airidh air a bhith ràannsachadh
mu' ~~dòigh~~ tiomchioll.
Chan 'eil astar fada ri shuibhal, chan 'eil
sàrachadh ri fhulang, chan 'eil cunnart
ri' choinneachadh chum eòlas slàinteil
fhaotainn air Crìosd. Ged nach 'eil, nach
lìonmhor iad 'nar tìr a tha fhathast aineolach
air mar Shlànaighear. Tha iad gun
dèidh air fhaicinn, gun iùidh 'na theachdaireachd,
gun ùine airson èisdeachd ris.
Foillsichidh e e-fhéin do gach neach leis
am miann e sin a dheanamh.
"Ma dh' éisdeas neach sam bith ri m' ghuth,
agus gun fosgail e an dorus, thig Mi a
steach d'a ionnsaidh".
Tha robh dòigh na seòl eile, ann an inntinn
Dhé, chum peacaidh a thearnadh, ach a
Mhac a ghabhail uallach ar n-easaontais
air a ghuallaibh fhéin. Thuir' e e-fhéin

ann an dìmeas — ag gabhail air fhèin
cruth-seirbhisich, air a dheanamh ann an
coslas dhaoine."
Chan'eil cuspair eile a dhleasas ar smuain
'is ar beachd cosmhuil ri Mac Dhé a
seasamh an àite pheacach, agus a tagradh
an cùis fo chomhair Dhé.
Agus ciod a dheanadh a h-aon againn
mur am robh e comasach do Dhia peacaich
fhìreanachadh agus fhàilteachadh?
"As eugmhais naomhachd chan fhaic
neach air bith Dia"; agus càit' am bheil
naomhachd a h-aon againn chum
seasamh, gu neo-chiontach, an lathair Dhé?

A'nis an uair a fhuair na speuradairean
an naoidhean-Ìosa, maille ri mhathair.
Muire, 'se cheud rud a rinn iad tuiteam
sìos, agus aoradh a dheanamh dha.
Mar a tha fios againn, fhuair iad e-
chan ann na laighe an leabaidh

sheasgair, ach na shìneadh ann-am prasaich.

Bha an tigh-òsda làn: cha robh oisean ri' sheachnadh 'san faigheadh esan a mheas e fhéin-co-ionnan ri Dia, leud a dhroma-ged nach bu mhòr sin aig an am. Bha gach neach cho trang le 'n gnothach fhéin air chor 's nach robh a h-aon deas gu Slanaighear an t-saoghail fhàilteachadh air dha dusgadh air thalamh.

Nach mòr an t-ullachadh agus an othail a nithear ann an luchairtean gach tìr chum naoidhean fhàilteachadh. Ach cha do thachair sin da thaobh-san a "thug beatha agus neo-bhasmhorachd gu solus" le a theachd.

"Bith a bheatha solus dhaoine"—gidheadh, cha robh aig an t-saoghal a thainig e 'theàrnadh, ach aoidheachd na prasaich ri' sheachnadh air a sgàth.

An robh sin na mhanadh air gach dìmeas agus tàir a bha dh' fheitheamh air, agus air dòruin fhulangais mu'n do chrìochnaich e an obair chudromach a ghabh e os laimh?

Thuit na daoine ud sìos, agus rinn iad aoradh dha. 'San gnìomh sin, chithear gliocas an t-saoghail a' lùbadh a' ghlùin dhasan anns an robh "uile ionmhais a' ghliocais agus an eòlais folaichte." Tha an ìumhlachd seo a' leigeil ris dhuinn mothachadh an duine air cobhair agus comhnadh nach 'eil 'na chomas fhéin ruigheachd air.

Bu ghnothach luachmhor a bha fillte ann an sgòid an deanadais. Oir bha esan da d'rinn iad aoradh gu balla-meadhonach an eadar-dhealachaidh a bhristeadh sios, agus gu e fhéin a thoirt suas mar ìobairt-rèitich airson a

chinne-daonna gu leir.
A chionn sin uile, cho fad' sa dhéireas grian, na gealach, na a lasas rionnag 'sna speuran shuas, cuimhnichear le mòrspéis air mar a rinn iad. Tha sinn uile nan comaine eisimeil, oir shaor iad-ann an seadh-gach aon againn o bhith air an nàrachadh gu tur.

A nis is ni e nach 'eil furasda 'thuigsinn ciamar na carson a gheibheadh na h-uibhre caoin-shuarach mu 'n dearbh ni air as motha am feum-gu h-àraidh an uair a tha e pàillt agus an asgaidh. Oir co riamh aig an robh déidh air tosa fhaicinn nach d' fhuair sin? Agus co riamh a chreid ann dha nach robh e luachmhor? "An ti a chreideas ann am Mac Dhé tha an fhianuis aige ann fhéin. Agus is i seo an fhianuis

gun tug Dia dhuinn a' bheatha mhaireannach, agus tha 'bheatha seo 'na Mhac".

Tha sinn uile, an dòigh air chor-éigin, ag altrum dòchais nach cuir am bàs crìoch air ar beatha. Ach tha dubhar na h-inntinn fheòlmhor, an gnàth, buailteach sealladh dhaoine 'mhilleadh, agus an tuigse a mheatachadh a thaobh na nithean a bhuineas d'an sìth.

"An inntinn fheòlmhor, is bàs i, ach an inntinn spioradail, is beatha agus sìth i."

Iadsan a chuireas an suarachas tròcair agus maitheas Dhé, tha iad gun bhunait sheasmhach air an tog iad am beatha.

Iadsan a tha 'deanamh tàir air a chuid as fearr a tha ann an comas nan cuimhne Dhé a dheanamh air an son, ar leam gur daoine amaideach iad.

Co-dhiubh, is i sin beachd Chrìosd, agus

cha do chuir duine riamh an luach ceudna
air beatha an duine 's a chuir esan.
Nochd e agus dhearbh e gun robh gach anam,
fa leth, priseil ann an sealladh Dhé.
Thainig e fhéin a shireadh agus a theàrnadh
pheacach, agus tha e deas agus deònach
na h-uile a chreideas a chuir ceart
'n an daimh a thaobh Dhé, agus an
treorachadh air an t-slighe a sheulaich
e air an son.
Tha e fhéin a seasamh an àite an
Athar dhaibhsan uile a ghabhas gèur-
-bheachd air mar Shlanaighear, agus
a roghnaich e mar reul-iùil am beatha.
Esan a dh'earbas a bheatha ris gleidhidh
e i, ach esan nach earb, caillidh e i.
"Às a lànachd fhuair sinn uile, agus
gràs airson gràis".
Nach mairg a bhiodh na dhiol-deirce,
aonarach, seachranach gun Dia

gun dòchas an uair a tha saoibhreas-
-do-rannsaichte Chriosd, gu fialaidh 'na
thairgse?
Ann an cleachadh gnàthaichte an t-saoghail,
measair gach tiodhlac a rèir an cosdais,
agus chan 'eil fear a tha ri reic   na ri
ceannach nach 'eil an geall air buannachd
dha fhéin.
Ach tha margadh gràis Dhe fosgailte
agus an asgaidh aig gach neach leis
an àill tarruing aisde.
"Ge bè neach leis an àill gabhadh e de
dh'uisge na beatha gu saor."
Anis "do Dhia nan uile ghràs, a ghairm
sinn chum a ghlòir shiorruidh tre
Iosa Criosd, gun robh glòir agus
cumhachd, fad saoghal nan saoghal."

Amen